

AN COMUNN Gàidhealach



ORGANISERS OF THE ROYAL NATIONAL MÒD

Ògmhios 2014 / June 2014

Teachdaireachd bhon Cheann-suidhe

Tha mòran bhuannachdan a' tighinn bho bhith a' gluasad leis a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail bho àite gu àite gach bliadhna. Chan e a-mhàin gu bheil seo a' toirt air falbh uallach a bhiodh a' laighe air aon chomataidh ionadail a h-uile bliadhna, ach, tha e a' toirt cothrom atharrachaidhean iomchaidh a thoirt air adhart agus tha cothrom ann do luchd-tadhail eòlas fhaighinn air àiteachan ùr agus air diofair choimhearsnachdan.

Leis gu bheil 17 bliadhna bho bha am Mòd Nàiseanta Rìoghail ann an Inbhir Nis, bheir seo ginealach ùr de luchd-tadhail don bhaile. Tha am baile a bha air ainmeachadh mar 'chathair-baile na Gàidhealtachd' a-nis na bhaile-mòr, ach fhathast le sgìre a tha aithnichte mar 'meadhan a' bhaile'. Ged a tha mòran dhaoine eòlach air Inbhir Nis mu-thrath, bidh feadhainn eile a' tighinn nach eil cho eòlach air an àite, agus gheibh iad uile fàilte chridheil ann. Bidh ùidh shònraichte aig luchd-labhairt na Gàidhlig ann an ainmean-àite agus ainmean-sràide aig a bheil ceangal ris a' Ghàidhlig. Tha gu leòr dhiubh sin an Inbhir Nis.

Thèid na prìomh fharpaisean a chumail anns an togalach mòr ris an canair Cùirt an Aodainn. A rèir na tha clàraichte, bha an làrach seo anns an 19mh linn na dachaigh aig an Easbuig Eden, agus tha iomradh ann an ainmean na sgìre mun cuairt air na h-Easbuigean bhon àm sin. Is e Pàirc nam Bochd àite eile a bhios sinn a' cleachdadh. 'S ann an sin a thèid an iomain air adhart Disathairne. Tha beagan teagamh ann an e Pàirc nam Bochd no Pàirc a' Bhught bu chòir a bhith againn air sa Ghàidhlig. Tha e coltach gur e nàdur de chrò a tha 'bught' a' ciallachadh ann an Albais. An robhas a' cleachdadh an àite seo aig aon àm airson a bhith a' cruinneachadh chaorach? Is dòcha gun cum eòlaichean eachdraidh na sgìre sinn ceart air a' chuspair seo. Bhiodh e math barrachd fiosrachaidh fhaighinn air eachdraidh na sgìre anns am bi am Mòd.

Mar sin, chan e a-mhàin gun ùraich turas don Mhòd ar n-eòlas air ceòl, òrain is litreachas na Gàidhlig, ach bu chòir gun cuir làthaireachd ann am prìomh-bhaile na Gàidhealtachd nar cuimhne an dualchas prìseil a th' againn, gus am bi sinn dearbhte mu shoirbheachas na Gàidhlig san àm ri teachd, agus cinnt againn air cò às a thàinig sinn. Tha mi'n dòchas gum bi e comasach dhuibh a bhith còmhla rinn an Inbhir Nis san Dàmhair airson Mòd Nàiseanta Rìoghail sònraichte mar phàirt de bhliadhna Tilleadh Dhachaigh na Gàidhealtachd.

Iain Macleòid, Ceann-suidhe.

Message from the President

There are many advantages to having the Royal National Mòd in different locations each year. Apart from the obvious advantage of alleviating the organisational pressure a permanent venue would place on local organisers, the annual movement brings changes appropriate to the local area and enables visitors to get to know different places and different people.

The return of the Royal National Mòd to Inverness after a gap of 17 years brings a new generation of visitors. The large town that was the 'capital of the Highlands' is now a city, but still with its distinctive 'town centre'. While many people will already be familiar with Inverness, there will be newcomers to the city and they will all receive a warm welcome. Gaelic speakers will be particularly interested in place names and street names with a Gaelic origin. There are plenty of these in Inverness.

The main competitions will be held in the impressive Eden Court complex. This is generally known in Gaelic as "Cùirt an Aodainn". According to records, the site originally was the 19th century residence of Bishop Eden, and the immediate area has many references to the Bishops of that time. Another venue of interest is the Bught Park, where the shinty match will be held. There is some dubiety as to whether this is "Pàirc nam Bochd" or "Pàirc a' Bhucht" in Gaelic. Bught is said to be a Scots word for a sheep-fold. Was the park used at one time for gathering sheep? Perhaps some local historians can provide the information. It would be good to have some background information on these venues.

A visit to the Royal National Mòd at its annual venues can not only keep us up to date with Gaelic music, song and literature, but through a visit to the Capital of the Highlands, also remind us of our precious heritage, so that we can be confident as to the future of our language in the light of where we came from. I hope you will be able to join us in Inverness this October for a special Royal National Mòd during the year of Highland Homecoming.

John Macleod, President.



An Comunn Gàidhealach

Fàilte air ais a Pheigi

Tha sinn a' cuir fàilte air ais air Peigi, 's i air tilleadh air ais a dh' obair as dèidh a bhith dheth tinn airson ùine. Tha sinn toilichte gu bheil i air ais còmhla rinn, bha sinn ga h-ionndrainn san oifis!

Urraman na Banrigh

Meal an naidheachd air Iain Murchadh Moireasdan às na Hearadh, a tha air MBE fhaighinn airson an obair a tha e air a dhèanamh dhan choimhearsnachd, thairis air an 50 bliadhna a-chaidh seachad. Bha Iain Murchadh an sàs ann an iomadach pròiseact anns na Hearadh agus Leòdhas thairis air na bliadhnan a chaidh seachad.

Tha Iain Mhurchaidh air a bhith gu mòr an sàs anns a' Chomuinn thairis air na bliadhnan cuideachd agus chithear e gu math tric a' seinn aig Cèilidhean aig a' Mhòd.

Choisinn e Bonn Òr a' Chomuinn anns an Leargaidh Ghallda ann an 1965. Tha sinn cho toilichte dha Iain Murchadh agus 's e tha airidh air an urram seo.

Meal an naidheachd cuideachd air Coinneach 'Mòr' MacIomhair a tha air OBE fhaighinn airson an obair a tha air a dhèanamh airson craoladh Gàidhlig agus dhan choimhearsnachd.

Tha Coinneach ag obair na phreseantair aig Rèidio nan Gàidheal agus cluinnear e gach madainn a' libhrigeadh a' phrògram aige, far am bidh e a' deasbad agus a' còmhradh air cuspairean eadar-dhealaichte. Tha e air a bhith ag obair air a' phrògram aige fhèin airson còrr is 20 bliadhna.

Chithear Coinneach aig na Mòdan cuideachd agus bidh e gu mòr an sàs ann am pròiseactan agus tachartasan eadar-dhealaichte air feadh na coimhearsnachd aige fhèin agus cuideachd air feadh coimhearsnachd na Gàidhlig. Meal an naidheachd a Choinnich airson an urram a tha seo, tha sibh gu math airidh air.



Iain Murchadh Moireasdan MBE

Welcome Back Peigi

We are delighted to welcome Peigi back to work after an illness. The place was not the same without her and we are glad to have her back in the office with us again!

Queen's Honours

Congratulations to John Murdo Morrison, from Harris, who has been awarded an MBE in the Queen's birthday Honours list. John Murdo has been awarded the MBE for his services to the community over the past 50 years. John Murdo has been involved in many projects and groups throughout Harris and Lewis over the years.

John Murdo is very well known to many Mod goers and was heavily involved in An Comunn Gàidhealach for many years. John Murdo is a well known Gaelic singer and won the An Comunn Gàidhealach Gold Medal at the Largs Mod in 1965. He can still be heard singing at Ceilidhs and events at the Mod and across the Gaelic community.

On behalf of everyone at An Comunn Gàidhealach we would like to congratulate John Murdo for his award.

Congratulations also to Coinneach 'Mòr' Maciver who has been awarded an OBE for his services to Gaelic broadcasting and for his work in the community.

Coinneach is a presenter at Radio nan Gàidheal and can be heard each week day on his own Radio prògram, which is a discussion programme which focuses on various topics and debates. Coinneach has had his own programme at Rèidio nan Gàidheal for over 20 years. A renowned presenter, he is well known throughout the Gaelic community and his listeners will be delighted that he has been awarded this honour. Coinneach is also a regular to the Mod and has been involved with many projects and events throughout his own community and indeed the Gaelic community in general.

Congratulations Coinneach from all at An Comunn Gàidhealach. You are very deserving of this award and we look forward to many more years of 'Prògram Choinnich!'



Coinneach 'Mòr' MacIomhair, OBE

An Comunn Gàidhealach

Am Mòd Nàiseanta Rìoghail ga chuir air bhog leis an Iomall as motha a-riamh

Thèid Am Mòd Nàiseanta Rìoghail, am Fèis Cultarail Gàidhlig as motha an Alba, a chumail an Inbhir Nis as t-foghar seo airson a' chiad uair bho 1997. Is e seo an 122mh bliadhna den tachartas, agus is e an Fhèis as cudromaiche don Ghàidhlig ann an Alba. Is e An Comunn Gàidhealach, aon de na buidhnean Gàidhlig nàiseanta as sine agus as cliùitiche san t-saoghal a bhios a' cuir an tachartas naoi-latha air adhart eadar **Dihaoine 10 agus Disathairne 18 Dàmhair**. Bheir e a-steach farpaisean ann an Dannsa Gàidhealach, Ceòl is Òrain Ghàidhlig, Spòrs, Litreachas is Dràma, a' toirt cothrom do luchd-labhairt na Gàidhlig aig gach ìre pàirt a ghabhail ann. Tàlaidh e na mìltean de dh' fharpaisich agus luchd-èisteachd bho air feadh na h-Alba, na RA agus bho gach ceàrnaidh den t-saoghal nam measg na SA, Astràilia agus Canada, gu Inbhir Nis. Thathas an dùil gun toir am Mòd spionnadh don bhaile-mhòir, a' tòiseachadh le caismeachd beòthail le Lòchraim eadar Caisteal Inbhir Nis agus Cùirt an Aodainn - am prìomh àite airson an tachartas - far an tèid an tachartas fosglaidh a chumail. Am measg an luchd-ciùil a tha cinnteach a bhith ann aig an fhosgladh, tha Skipinnish agus an còmhlan dùthchail Albannach, Gria.

Ann an 2014 chithear an tachartas Iomaill as motha a-riamh a' dol air adhart taobh ri taobh ris na farpaisean. Bheir seo a-steach cuirmean, bogadh leabhraichean is CDn, seiseanan ciùil, bàrdachd, dannsa agus cruthan ealain eile de gach seòrsa. Tha timcheall air dusan taigh-seinnse air gealltainn gum bi iad a' tabhann ceòl traidiseanta Ceilteach san togalach, agus bidh cleasachd sràid a' dol air adhart air feadh a' bhaile-mhòir. Bheir an Iomall a-steach Caisteal Urchadan air bruachan Loch Nis, Gearasdan Sheòrais agus Ionad Tadhail Chùil Lodair agus gach sgìre mun cuairt.

Thuir Iain Moireasdan, Àrd-oifigear a' Chomuinn Ghàidhealaich: *“Tha sinn uamhasach toilichte a bhith a' tilleadh a dh' Inbhir Nis airson a' chiad uair ann an 17 bliadhna agus a bhith a' toirt leinn an Iomall as motha ann an eachdraidh an tachartais. “Is e farpais cridhe a' Mhòid agus tha sinn air àireamh mhath de thagraidhean fhaighinn am-bliadhna. Tha an Iomall cuideachd a' ciallachadh gun urrainn dhuinn Dualchas na Gàidhlig a thoirt gu luchd-èisteachd ur, Gàidheil is Goill còmhla agus a bhith a' taisbeanadh luchd-ciùil tàlantach bho air feadh an t-saoghail leis a' phrògram tarraingeach de thachartasan a th' againn”.*

Am measg prìomh thachartasan an Iomaill bidh **Cuirm nam Fìdhlear** oidhche Shathairne aig Cùirt an Aodainn. Thèid aogheachd a thoirt don chuirmean ann an co-bhonn ri “Blazin in Beaulay” fo stiùir ciùil Bruis MacGriogair bho Blazin' Fiddles, agus anns a' chuirmean chithear còrr is ceud fìdhlear, nam measg cluicheadairean ainmeil bho air feadh an t-saoghail, a bharrachd air buidhnean ionadail, agus tha coltas gum bi seo mar an fhìor chuirmean fìdhlearachd as tarraingeach ann an Alba. Thèid cuirm shònraichte gus an 100mh ceann-bliadhna den Chiad Chogadh a chumail feasgair Diciadain, còmhla ris an neach-ciùil Erik Spence, a tha air pìos ciùil a sgrìobhadh gus a dhol leis a' bhàrdachd “Banntrach Cogaidh” a sgrìobh an t-Urr. Iain Macleòid nach maireann. Bidh Còisir Ghàidhlig Inbhir Pheofharain agus Còisir Bun-sgoil Lochàrdail a' gabhail pàirt ann. Cluinnear cuideachd cuirmean le **Skerryvore**, an còmhlan seinn **Cruinn** agus **Còmhlan Cèilidh Ghleann Fhionghain** ainmeil. Bidh cluicheadairean ainmeil leithid Eòghann MacEanruig, Barluath agus an clàrsair ainmeil Catriona NicAoidh a' cluich aig àm lòn ann an Taigh a' Bhaile eachdraidheil Inbhir Nis, agus bidh luchd-ciùil cuideachd aig àiteachan-tadhail inntinneach leithid Caisteal Urchadan, Blàr Chùil Lodair agus Gearasdan Sheòrais. Bheir na Mòr-chòisirean, le còmhlan pìoba, madainn Disathairne far am bi na ceudan de luchd-còisir a' seinn, fèis chiùil na seachdain gu crìch.

Thuir Pròbhaist Inbhirnis, an Comhairliche Ailig Greumach: *“Tha a choltas ann gum bi Mòd Inbhir Nis 2014 na thachartas as fheàrr a bh' ann a-riamh. Bha Mòd Ionadail Inbhirnis a chaidh a chumail o chionn ghoirid uamhasach soirbheachail, agus tha daoine a' toirt an aire gu mòr a-nis gum bi Am Mòd Nàiseanta Rìoghail a' tighinn don bhaile-mhòir san Dàmhair. Bidh an raon farsaing de thachartasan agus Iomall mòr a' Mhòid a' toirt tlachd mòr do gach cuid an t-sluagh ionadail agus do luchd-turais.”*

Airson an làn phrògram tachartais agus mion-fhiosrachaidh, tadhal air www.ancomunn.co.uk no airson tachartasan an Iomaill tadhal air www.modinbhirnis.co.uk



An Comunn Gàidhealach

Royal National Mod Launches with Biggest Ever Fringe Event

*Am Mòd Nàiseanta Rìoghail (The Royal National Mòd), Scotland's biggest Gaelic Cultural Festival, will take place in Inverness this autumn for the first time since 1997. Now in its 122nd year, the event is the most important festival of the Gaelic language in Scotland. Organised by An Comunn Gàidhealach, one of the world's oldest and most respected national Gaelic organisation, the nine day spectacular will take place from **Friday 10th to Saturday 18th October**. It will feature competitions in Highland Dancing, Gaelic Music and Song, Sport, Literature and Drama, offering a stage to Gaelic speakers of all levels to compete. It will bring thousands of competitors and spectators from throughout Scotland, the UK and from all corners of the globe including USA, Australia and Canada to Inverness. The Mòd is set to light up the city, kick starting with a vibrant Torchlight procession from Inverness Castle to Eden Court - the main venue for the event - where the opening concert will be staged. Acts confirmed for the opening concert include Skipinnish and the up-and-coming Scottish folk band, Gria.*

2014 will also see the biggest Fringe event ever take place alongside the competitions. This will include concerts, book and CD launches, music sessions, poetry, dance and other art forms of every description. Around twelve pubs have signed up to providing traditional Celtic music in their venues, while street theatre will take place across the city. The fringe will encompass Urquhart Castle on the shores of Loch Ness to Fort George and the Culloden Visitor Centre and all areas in between.

John Morrison, Chief Executive of An Comunn Gàidhealach, said: "We are delighted to be returning to Inverness for the first time in 17 years and to be bringing the biggest Fringe in the event's history. "The competition is the heart of the Mod and we have had substantial entries this year. The Fringe also means we can bring Gaelic Culture to a new audience, Gaels and non-Gaels together and celebrate talented musicians from around the world with our exciting programme of events".

*Fringe highlights will include the Saturday night **Fiddlers' Rally** at Eden court. Hosted in association with Blazin in Beaulay under the musical direction of Bruce Macgregor of Blazin' Fiddles, the concert will feature over one hundred fiddlers including world renowned artistes, plus local groups, it promises to be the most spectacular fiddle event in Scotland. A special concert to commemorate the 100th anniversary of World War I on Wednesday afternoon will be a showpiece event, with musician Erik Spence, creating a piece of music to go along with the poem Bantrach Cogaidh written by the late Rev John Macleod. Dingwall Gaelic Choir and Locharil Primary School Choir will contribute. Other highlights include performances by **Skerryvore**, singing super group **Cruinn** and the talented **Glenfinnan Ceilidh Band**. Lunchtime performances in the historic Inverness Town House by artists including Ewen Henderson, Barluath, and renowned clarsach player Catriona Mackay are not to be missed, while musical performances at the area's stunning visitor attractions Urquhart Castle, Culloden Battlefield and Fort George will also take place. The Massed Choirs, with pipe bands, on the Saturday morning will bring the week's musical festivities to a close with hundreds of choristers taking part.*

The Provost of Inverness, Councillor Alex Graham said: "The 2014 Inverness Mod is shaping up to be one of the best ever. The recent Inverness Provincial Mod was a huge success, and there is great awareness in the City that the Royal National Mod is coming in October. The wide range of competitions and the large Mod Fringe will provide tremendous entertainment for locals and visitors alike".

**For full event programme and details, visit www.ancomunn.co.uk
or for Fringe events visit www.modinbhirnis.co.uk**



AN COMUNN Gàidhealach

MÒDAN IONADAIL 2014 PROVINCIAL MODS 2014

Tha a chuid as motha deth na Mòdan Ionadail airson 2014 a-nis air gabhail àite. Tha sinn an dòchas gun deach gu math dhuibh uile.

Tapa leibh uile airson an obair chruaidh a tha sibh a' dèanamh airson na Mòdan Ionadail. Tha sinn mothachail gu bheil tòrr obair ann, mòran taing.

Mur a bheil bh' ur Mòd air gabhail àite fhathast, tha sinn an dòchas gu bheil a' dol gu math dhuibh leis na h-ullachaidhean.

Nach cuir sibh dealbh no dhà thugainn nuair a bhios bh' ur Mòd seachad, agus foillsichidh sinn iad anns a' chuairt-litir.

The majority of this year's Provincial Mods have now taken place. We hope all of you had a successful Mod in your area.

Thank you all very much for your hard work with the Provincial Mods. We recognise the level of work that is required to stage a Mod, so thank you.

If your Mod is yet to take place, we hope your preparations are going well.

Please send us some news and photographs once your Mod has taken place and we will include them in the newsletter.



Taobh Siar Rois / Wester Ross

3 Sultain
3 September

duncan-ross@sky.com

Mòd Ionadach na Dreolluinn Mull

12 & 13 Sultain
12 & 13 September

ruthanderson07@hotmail.com

Barraigh / Barra

26 & 27 Sultain
26 & 27 September

jdouglasmacneil@aol.com

Dailriada / Dalriada

27 Sultain
27 September

christinejohnston66@sky.com

Tha duilleag shònraichte aig gach Mòd Ionadail air an làrach-lìn againn.

Each Provincial Mod has a dedicated page on our website.

Gheibhear fiosrachadh a bharrachd mu na Mòdan agus na Comataidhean an sin.

Details of each Mod and their Committees etc are available there.

www.ancomunn.co.uk

AN COMUNN Gàidhealach

Farpaisean Pìobaireachd

Thèid farpaisean pìobaireachd a chumail air **Disathairne 11 Dàmhair 2014**.
Feumar cuir a-steach airson farpaisean pìobaireachd (òigridh agus inbhich) ro **Dihaoine 11 Iuchar 2014**.

Gheibhear foirmean aig
<http://www.ancomunn.co.uk/nationalmod/entryform>
Gheibhear fiosrachadh mu na farpaisean aig:
<http://www.acgmod.org/nationalmod/rules>

'Se seo cuideachd an dàrna bliadhna a thèid farpais pìobaireachd a chumail airson òigridh fo aois 19. 'Se farpais Pìobaireachd a th' ann agus 'se farpais fèin-thaghte a th' ann.

Òrain Fèin-thaghte

Tha an ceann-latha airson pìosan fèin-thaghte a chur a-steach airson Mòd Nàiseanta Rìoghail na bliadhna seo seachad. Tapa leibh uile airson pìosan a chur thugainn ron a' cheann latha.

Chuir mòran agaibh bhur pìosan thugainn tron siostam air-loidhne agus dh'obraich sin math dha rìreabh. Tha sinn an dòchas gun tig barrachd dhiubh thugainn mar seo anns na bliadhnaichean ri tighinn.

Ma tha sibh airson dèanamh cinnteach gun d' fhuair sinn bhur h-òrain, cuiribh fios thugainn gun teagamh, ach tha tòrr phìosan againn ri chlàradh an dràsta agus mar sin bheir e ùine mus faigh sinn tron a h-uile càil.
Tapadh leibh.

Siostam Air-loidhne

Chuir mòran agaibh a-steach airson farpaisean Mòd na bliadhna seo tron siostam air-loidhne againn. Anns a' chuairt-litir mu dheireadh, dh' iarr sinn oirbh beachdan a chur thugainn mun siostam seo.

Thàinig fios bho farpaiseach a' faighneachd carson nach robh an siostam seo a-ruith gu 10 latha ron ceann-latha mu dheireadh airson cuir a-steach airson farpaisean. 'S e freagairt gu math simplidh a th' ann airson seo. 'S e siostam ùr a-chaidh a chur ri chèile airson farpaisean na bliadhna seo, agus tha sinn air a bhith ag obair air a' phròiseact thairis air a' bhliadhna a chaidh seachad. Air sgàth's gu bheil na uidhir a dh' fhiosrachadh a dhìth airson gach pàirt den siostam, bha e gu math doirbh agus thug e ùine mhòr gus a h-uile càil a thoirt ri chèile. Mar sin, cha b' urrainn dhuinn a chur air bhog ron ceann latha ud. Tha sinn toilichte gun tàinig a cheist seo thugainn, tapadh leibh.

Tha sinn a-nis gu math toilichte leis an siostam ùr agus ged a bhios rud no dhà againn ri atharrachadh, thèid sin a dhèanamh anns na mìosan air thoiseach agus tha sinn an dòchas an siostam a chur air bhog tràth anns a' bhliadhna ùr airson Mòd 2015.

Piping Competitions

*This year's piping competitions will take place on **Saturday 11th October 2014**. Both senior and juniors entries for any piping competitions must be submitted by **Friday 11th July 2014**.*

You can download entry forms from our website <http://www.ancomunn.co.uk/nationalmod/entryform> Details about the competitions themselves can be found at: <http://www.acgmod.org/nationalmod/rules>

This year is the second year of an open junior Piping competition for competitors under-19 years of age. The competition is for playing of a Pìobaireachd and is the competitor's choice.

Own Choice Submissions

The closing date for the submission of own choice pieces for this year's Royal National Mod has now passed. Thank you for submitting these in good time, we appreciate it.

Many of you submitted own choice pieces by using the online system and this worked well for us. We would hope that as many as possible will use this method of submitting own choice pieces in years to come.

*If you would like confirmation that your submissions have been received, please contact us. We have a very large number of submissions to process however, so we would appreciate your patience for confirmation.
Thank you.*

Online System

We received a large percentage of Mod entries via our online system this year. In our last newsletter we asked for your feedback regarding the online system, so that we could make any necessary improvements for future years.

We received feedback from one competitor who queried why the online entry system only became open for entry 10 days before the deadline. The simple reason for this is due to the fact that we have developed a new system for this year's entries, a project which has been ongoing for the last year, but due to the complexity of all that is required for each entry, this was a very time-consuming process. We therefore could not launch it until that time. We very much appreciate this feedback.

We are now however happy with the end product and although there will be one or two things that require tweaking, that will be worked on over the next few months and we hope to have the system open for Mod 2015 entries early in the New Year.



An Comunn Gàidhealach

ORGANISERS OF THE ROYAL NATIONAL MÒD

Am Mòd Nàiseanta Rìoghail | The Royal National Mòd

2014 INBHIR NIS 10 – 18 DÀMHAIR | INVERNESS 10 – 18 OCTOBER

2015 AN T-ÒBAN 9 – 17 DÀMHAIR | OBAN 9 – 17 OCTOBER

2016 NA H-EILEANAN
AN IAR 14 – 22 DÀMHAIR | WESTERN ISLES 14 – 22 OCTOBER

Na Mòdan Ionadail | Provincial Mòds

LEÒDHAS LEWIS

DÙN ÈIDEANN EDINBURGH

SRUIGHLEA STIRLING

CILLE BHRÌDHE AN EAR EAST KILBRIDE

CATAIBH IS GALLAIBH SUTHERLAND & CAITHNESS

ÌLE ISLAY

UIBHIST UIST

LOCH ABAIR LOCHABER

PEAIRT IS AONGHAS PERTH & ANGUS

NA HEARADH HARRIS

ÀIRD NAM MURCHAN ARDNAMURCHAN

GLASCHU GLASGOW

INBHIR NIS INVERNESS

AN T-EILEAN SGITHEANACH SKYE

AN T-ÒBAN OBAN

NA DREÒLLUINN MULL

DAIL RIATA DALRIADA

TAOBH SIAR ROIS WESTER ROSS

BARRAIGH IS BHATARSAIGH BARRA

TAOBH AN IAR-DHEAS ROIS SW ROSS

For Provincial Mòd dates and more go online:

www.ancomunn.co.uk

REGISTERED CHARITY NUMBER: SC001282

An Comunn Gàidhealach

Taic Saor-thoileach



Ma tha ùidh agaibh taic a thoirt le obair Comataidh Deasachaidh Ionadail MNR 2014, no obrachadh gu saor-thoileach aig a' Mhòd, leig fios is bidh sinn toilichte cluinntinn bhuaibh!

Bidh mòran iarrtas air taic saor-thoileach suas gu àm a' Mhòid, agus aig a' Mhòd fhèin. Ma tha ùidh agaibh bh' ur cuideachadh, cuiribh fios thugainn.

Volunteer Support



If you would like to get involved with our committee or to volunteer at this year's Royal National Mod, please get in touch, we would love to hear from you!

There are lots of opportunities for volunteers in the run up to and at this year's Mod so please get in touch if you are willing to help.

Àite Fuirich @ Mòd 2014



Bheil feum agaibh air cuideachadh a' lorg àite-fuirich aig Mòd Nàiseanta Rìoghail na bliadhna seo?

Cuir fios gu Crìosaidh Chuimeanach, Neach Gairm Comataidh nan Àitean-fuirich againn, aig chrissiebheag@hotmail.co.uk airson fiosrachadh is stiùireadh.

Accommodation @ Mod 2014



Need some help finding somewhere to stay at this year's Royal National Mod?

Contact our Accommodation Committee Convener, Chrissie Cumming at chrissiebheag@hotmail.co.uk for information on accommodation providers in the area.

Club 400 Inbhir Nis



Seo an fheadhainn a fhuair duaisean na mìos seo:

£250 Tormod MacAoidh, Inbhir Nis
£100 Morven NicLeòid, Inbhir Nis
£50 Chrissie Cumming, Inbhir Nis

Am bu chaomh leibh cothrom £250 a bhuinnig? Nach cuir sibh taic ri Mòd Nàiseanta Rìoghail 2014 agus Mòd Ionadail Inbhir Nis le beagan is £1 san t-seachdain a chur ann am ballrachd Crannchur 400?

Airson pàirt a ghabhail, cuiribh fios gu: donald@macleod668.orangehome.co.uk



Inverness 400 Club



The winners in our March draw were:

£250 Norman Mackay, Inverness
£100 Morven NicLeòid, Inverness
£50 Chrissie Cumming, Inverness

Would you like the opportunity to win up to £250? Why not support the 2014 Royal National Mod and Inverness Provincial Mod by putting just over £1 a week towards membership subscription in a 400 Club?

To join contact:
donald@macleod668.orangehome.co.uk





Mòd Nàiseanta Rìoghail 2014 Inbhir Nis

New Standing Order Instruction

To _____ Bank

Please set up the following Standing Order and debit my/our account accordingly

1. Account Details

Branch Name _____ Sort Code

Account Name _____ Account Number

2. Payee Details

Name of Person or Organisation you are paying

400 Club Number (if known) - this will appear on the bank statement of the person or organisation you wish to pay

Sort Code – the bank code of the person or organisation that you are paying

Account Number – the account number of the person or organisation you wish to pay

3. About the Payment

How often are the payments made

Date and amount of first payment £

Date and amount of final Payment £

4. Confirmation email:

Signature

Date

Address / Post Code / Phone No:
.....
.....

Comunn Gàidhlig Ottawa

Mòd Chanada 2014

Chaidh Mòd Chanada na bliadhna seo a chumail air an 31mh den Chèitean agus an 1mh den t-Ògmhios, aig Oilthigh Ottawa. Bha Mòd sgoineil aca agus ma tha sibh airson faighinn a-mach cò fhuair duaisean na bliadhna seo, thoiribh sùil air duilleag Facebook Mòd Chanada. Chithear gu h-ìosal measgachadh de dhealbhan bho Mòd na bliadhna seo.

Mòd Chanada 2014

This year's Mòd Chanada took place on May 31st and 1st June 2014 at the University of Ottawa. It was a great Mod and you can view results on the Mòd Chanada Facebook page. Below are a selection of photos from this year's Mod.



○ CGO FB: <https://www.facebook.com/events/149003815234768/?fref=ts#!/commungaidhligottawa?fref=ts>

○ Mòd Chanada FB: <https://www.facebook.com/#!/events/149003815234768/?fref=ts>

○ Comunn Gàidhlig Ottawa: <http://gaidhligottawa.ca>

An Comunn Gàidhealach



Tachartas Leabharlann Nàiseanta na h-Alba : National Library of Scotland Event

A Curator's Choice from the Modern Gaelic Collections

*Leabharlann Nàiseanta na h-Alba / National Library of Scotland
Disathairne 26 Iuchar / Saturday 26 July
2.30 – 3.30 f/pm*

A curator's choice of intriguing and unusual modern Gaelic material, illustrating Gaelic literature and learning as well as the work of An Comunn Gàidhealach. From Shakespeare to Sorley MacLean, Ladybird to An Leabhar Mòr; join us for an afternoon of discovery. An event presented in English, with an opportunity for browsing and discussion in Gaelic and English.

Suitable for Gaelic learners and speakers.

Cothrom do fileantaich agus luchd-ionnsachaidh a thighinn airson sùil a thoirt air pàirt den chruinneachadh againn, agus deasbad orra ma tha iad ag iarraidh. Feumar àite a ghlèidheadh airson an tachartas a tha seo. An opportunity for Gaelic and non-Gaelic speakers and learners to see some items from our modern printed collections and for learners to discuss them in Gaelic if they so wish. This will be a bookable event.

*Gheibhear tuilleadh fiosrachadh bho / Further information is available from Jennifer Giles:
J.Giles@nls.uk*

Duaisean a' Mhòid

Dèanaibh cinnteach gun till sibh duaisean a' Mhòid ron **31^{mh} den Iuchar**, gus an dèan sinn cinnteach gu bheil iad uile againn agus gu bheil iad ann an staid reusanta. Chan ann a-mhàin a thaobh duaisean a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail a tha seo, ach airson duaisean nam Mòdan Ionadail cuideachd.

Tha fios againn gu bheil e gu math furasta dìchuimhneachadh an tilleadh ron cheann-latha uaireanan, nuair a tha sibh trang. Feuch gun cùm sibh ri riaghailtean a thaobh tilleadh nan duaisean.

Chan ann a-mhàin gu bheil iad gu math prìseil a thaobh airgid, ach tha iad air leth prìseil don fheadhainn a tha air an toirt seachad dhuinn, gu h-àraidh ma tha iad air an toirt dhuinn mar chuimhneachain prìseil.

Tha e cuideachd gu math tàmailteach do dh' fharpaisich a bhuanneicheas duais, mur a bheil duais againn airson a thoirt dhaibh. Gach bliadhna tha an duilgheadas seo againn, agus ged a bhios sinn a' dèanamh ar dìcheall ri 'm faighinn air ais, uaireanan cha bhith iad a' tilleadh thugainn idir.

Mar sin, feuch nach tachair seo leis an duais agaibhse.

Bhiodh sinn gu mòr nu 'r comain nan coimheadadh sibh as dèidh na duaisean, oir tha sibh air obrachadh cruaidh airson am faighinn 's a' chiad àite, agus tillibh thugainn iad ann an ùine, gus am bidh an aon chothrom aig farpaisich eile na duaisean fhaighinn cuideachd.

Mod Trophies

*Please ensure that you return trophies by **31st July** so that they can be accounted for and so that we can be sure that they are in good condition. This not only applies to trophies belonging to the Royal National Mod but also to trophies belonging to the Provincial Mods as well.*

It can be very easy to forget to return your trophy in time, we do understand that. But please do try to adhere to the rules regarding the return of trophies.

Not only are they worth a lot of money, but they are very sentimental to many who have donated them, particularly if they are donated in memory of a loved one.

It also causes disappointment to competitors who win a competition at a Mod and there is no trophy to present to them, as it has not been returned to the office. Each year we do have this problem, and we do try to chase them up. Unfortunately some of these trophies are never returned.

Please ensure this does not happen with your trophy.

We kindly ask that you look after the trophies that you have worked so hard to win. Return them to us in good time, so that the next competitor can receive and enjoy them.

An Comunn Gàidhealach

Prionnsapal agus Iar-sheansailear ùr aig OGE a' tadhal air Sabhal Mòr Ostaig

Choinnich am Proifeasair Clive Mulholland ri luchd-obrach Sabhal Mòr Ostaig OGE bho chionn ghoirid, dìreach 4 seachdainean às dèidh dha tòiseachadh na dhreuchd mar dàrna Prionnsapal agus Iar-sheansalair Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean. Tha am Proifeasair Mulholland a' tighinn don oilthigh bho Oilthigh na Cuimrigh a Deas, far an robh e na leas-iar-sheansalair (rannsachadh is beatha nan oileanach).

Na neach-saidheans bith-mheidigeach, aig a bheil sàr-eòlas air bith-cheimigeachd chlionaigeach agus ionnsachadh air-loidhne, dh'obraich e anns an t-seirbheis chatharra shaidheansail agus anns an NHS cho math ri roinn nan oilthighean.

Thuir am Proif Mulholland: "Tha mi ro thoilichte a bhith a' tighinn do dh' Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean aig àm brosnachail na leasachadh. Tha mi a' dèanamh fiughair ri bhith a' stiùireadh an oilthigh mar stèidheachd adhartach ùr-ghnàthach a bhios daingeann na rùn agus suidhichte gu dìoghmhalta air a' chùrsa a tha roimhe. Tha mi airson comas air feadh na sgìre a leudachadh agus a leasachadh, sàr bheatha-oilthigh a thoirt do na h-oileanaich againn agus taic a thoirt do dh'fheumalachdan cultarach agus eaconamach na Gàidhealtachd agus nan Eilean.

"An t-eòlas a th' agam air àrd-fhoghlam agus foghlam adhartach, ionnsachadh le taic bho theicneòlas, rannsachadh agus feabhas a thoirt air na dh' fhiosraicheas oileanaich, tha mi an dòchas gun tèid agam air a thoirt leam gus taic a thoirt do dh'amasan ro-innleachdail a' chom-pàirteachais shònraichte againn, a bhios a' lìbhrigeadh n dà chuid, foghlam aig ìre oilthigh agus aig ìre colaiste.

"Tha mi a' dèanamh fiughair ri bhith ag obair leis na com-pàirtichean againn feuch an cruthaich sinn eisimpleir air leth de stèidheachd a tha suidhichte air diofar làraichean do luchd-ionnsachaidh an 21a linn air feadh ar sgìre agus nas fhaide às."

Tha am Proifeasair Mulholland na Chaidreabhach de dh'Instiuid nan Saidheansan Bith-mheidigeach, na Àrd-chaidreabhach de dh' Acadamaidh an Àrd-fhoghlaim, na Chaidreabhach de Chomann Rìoghail an Eòlais-leighis, na Chaidreabhach de Chomann Rìoghail nan Ealain agus na Neach-saidheans Cùmhnantaichte. Tha dreuchdan air a bhith aige aig Oilthigh Ulaidh, Oilthigh na Bànrigh ann am Beul Feirste, Oilthigh Swansea, an NHS agus Roinn an Àiteachais ann an Èirinn a Tuath.

Tha am Proif Mulholland, a bhuineas do Bangor, Èirinn a Tuath, a' tighinn an àite Sheumais Fhriseil, a leig dheth a dhreuchd aig deireadh na Dùbhlachd 2013.

New UHI Principal and vice-chancellor visits Sabhal Mòr Ostaig

Professor Clive Mulholland met with SMO staff recently, just 4 weeks after taking up his post as the second principal and vice-chancellor of the University of the Highlands and Islands. Professor Mulholland joins the university from the University of South Wales where he was deputy vice-chancellor (research & student experience).

A biomedical scientist, with expertise in clinical biochemistry and online learning, he has held positions in the scientific civil service and in the NHS, as well as the universities sector.

Professor Mulholland said: "I am delighted to be joining the University of the Highlands and Islands at an exciting time of its development. I want to build strong relationships with our partnership, that's why I'm visiting all 13 colleges and research institutions this month. We must be a university for all of our region. And, as a partnership delivering both college and university level education, I hope I can bring my experience of further and higher education, technology enhanced learning, research and the enhancement of the student experience to support the strategic goals of our unique partnership.

"I am looking forward to working with our partners to deliver an exemplar distributed institution for 21st century learners across our region and beyond."


Professor Mulholland is a Fellow of the Institute of Biomedical Sciences, a Senior Fellow of the Higher Education Academy, a Fellow of the Royal Society of Medicine, a Fellow of the Royal Society of Arts and he is a Chartered Scientist. He has previously held appointments at The University of Ulster, Queens University Belfast, Swansea University, the NHS, and the Department of Agriculture Northern Ireland.

Professor Mulholland, who is a native of Bangor, Northern Ireland, replaces James Fraser who retired at the end of December 2013.



BLAS festival

September 5-13 Sultain www.blas-festival.com



BLAS FESTIVAL 2014 @ EDEN COURT

SUBHACHAS - BLAS 10TH ANNIVERSARY CELEBRATION

EMPIRE THEATRE

SAT 06 SEP 19.30

SEAT PRICE £17.00

REDUCED RATES £15.00

U18s / SCHOOLS £5.00

FAMILY (2 ADULTS, 2 CHILDREN) £40.00

Cherish The Ladies
The Mischa McPherson Trio
Ross Ainslie and Jarlath Henderson
Coisir G

Blas is working in partnership with the Camanachd Association to provide music during the

THE SCOTTISH HYDRO CAMANACHD CUP FINAL

SAT 13 SEP

BUGHT PARK, INVERNESS

HIGHLAND HOMECOMING - DO BHEATHA DHAN DÙTHAICH

EMPIRE THEATRE

THU 11 SEP 19.30

SEAT PRICE £18.00

REDUCED RATES £15.00

U18s / SCHOOLS £5.00

FAMILY (2 ADULTS, 2 CHILDREN) £40.00

Mànrán Macanta
The Cheryl Heggie Dancers
Angus MacColl Snr
Angus MacColl Jnr
Masters World Champion
Hall of Fame Award

EDEN COURT

HOME AND AWAY - GLÒIR NAN CAMAN

ONETOUCH THEATRE

FRI 12 SEP 20.00

SEAT PRICE £14.00

REDUCED RATES

SENIOR CITIZENS £12.00

U18s / SCHOOLS £5.00

FAMILY (2 ADULTS, 2 CHILDREN) £34.00

On the eve of the Camanachd Cup Final, Hugh Dan MacLennan & Friends with music, song and chat charting shinty's influence across the world.

BLAS GRAND FINALE - CÈOL NAM FÈIS

EMPIRE THEATRE

SAT 13 SEP 19.30

SEAT PRICE £15.00

REDUCED RATES

SENIOR CITIZENS £12.00

U18s / SCHOOLS £5.00

FAMILY (2 ADULTS, 2 CHILDREN) £34.00

The Fèis movement, one of Europe's most significant community arts initiatives, is showcased in this special concert with Blas giving centre stage to Fèis participants from across Scotland to round off our 10th festival.

WWW.BLAS-FESTIVAL.COM



An Comunn Gàidhealach

An Comunn Gàidhealach

Oifis Steòrnabhaigh

Taigh a' Mhorair Leverhulme
Ceàrnag Phearsabhail
Steòrnabhagh
Eilean Leòdhais
HS1 2DD
Fòn: 01851 703 487
Post-d: peigi@ancomunn.co.uk

Oifis Inbhir Nis

Taigh Bhail an Athain
40 Sràid Hunndaidh
Inbhir Nis
IV3 5HR
Fòn: 01463 709 705.
Post-d: info@ancomunn.co.uk

An Comunn Gàidhealach

Stornoway Office

Leverhulme House
Perceval Square
Stornoway
Isle of Lewis
HS1 2DD
Telephone: 01851 703 487
Email: peigi@ancomunn.co.uk

Inverness Office

Balnain House
40 Huntly Street
Inverness
IV3 5HR
Telephone: 01463 709 705.
Email: info@ancomunn.co.uk

Ma tha sibh airson naidheachd no fiosrachadh a chur dhan ath iris den chuairt-litir, cuiribh fios thugainn.

If you would like to contribute anything to one of our future newsletters, please get in touch.

marina@ancomunn.co.uk

01851 703 487

www.ancomunn.co.uk

